

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Muile-mhàgag

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 850. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 546 corresponds to Litir 850.

An itheadh sibh muile-mhàgag? Nuair a tha mi a’ meòrachadh air a’ cheist, tha sgreamh a’ tighinn orm. Ghia! Cò dh’itheadh muile-mhàgag?! Uill, a rèir beul-aithris, dh’ith fear de ghaisgich nan Gàidheal tè – agus ’s dòcha gun robh sin am measg nan adhbharan a bha e cho ... uill ... gaisgeil. No an e gu feumadh tu a bhith gaisgeil airson tè ithe?!

Nise, bu chòir dhomh dhèanamh soilleir dè tha mi a’ ciallachadh le ‘muile-mhàgag’. Tha mi a’ ciallachadh *toad*. Ach tha fhios a’m, ann am mòran sgìrean, gu bheil a’ cleachdadh ‘muile-mhàgag’, no facal coltach, airson *frog*.

Tha abairt à Siorrachd Pheairt – **cha b’ ann air muileacha-màg a chaidh m’ àrach**. A rèir choltais, tha sin a’ ciallachadh *‘I wasn’t raised on frogs’*, seach air *‘toads’*. Tha mi a’ tuigsinn gum bite ga cleachdadh airson a ràdh ri neach eile, ‘Chan eil mi faoin!’ Cha b’ ann air muileacha-màg a chaidh m’ àrach.

Airson adhbhar air choreigin, gun luaidh air cho gann ’s a tha iad, agus gum bu chòir an dìon, chan eil sinn uabhasach dèidheil air uisge-thìrich mar bhiadh, a bheil? ’S dòcha gun do dh’fheuch sibh losgann no *frog*. Tha na Frangaich measail orra – co-dhiù air na casan aca. Dh’fheuch mi casan losgann aon turas, ach chan ann san Fhraing a bha e. Bha mi ann an Thailand. Tha iad measail orra an sin cuideachd, agus bidh iad ag àrach losgannan airson taighean-bìdh. Ach – muile-mhàgag – *toad* – ’s e sin ceist eile.

Agus cò e an **seann ghaisgeach Gàidhealach** a dh’ith muile-mhàgag? Cò, ach Alasdair mac Colla Chiotaich, an sàr-shaighdear a bha a-mach cuide ri Montròs ann am meadhan an t-seachdamh linn deug.

An e muile-mhàgag no losgann a dh’ith e? Chan eil mi cinnteach. Ach bha daoine a’ creidsinn gun robh clach luachmhor ann an ceann nan ainmhidhean sin. Bha sin eadhon anns an dealbh-chluich *‘As You Like It’* le Uilleam Shakespeare.

Agus sgrìobh an sgoilear Cuimreach, Eideard Lhuyd, gur e ‘a’ chlach mhuile-mhàgag molag a tha iongantach na cumadh agus a farsaingeachd de dhathan. Thathar dhen bheachd gun cuir i stad air losgadh taighe, agus cur-fodha bàta. Agus, ma bhios tè aig commandair air blàr-catha, bidh an dàrna cuid buaidh aige air an latha no bidh na daoine gu lèir aige a’ faighinn bàs sa spot.’

Chaidh stòiridh annasach a chlàradh mu mhuile-mhàgag mhòr aig Ach a’ Ghobhail ann am Morbhairne. Bha ainm sònraichte air – ‘Seid’ – agus bha e ri lorg ann am boglach air an robh ‘Lòn na Seid’ mar ainm. Dh’fheuch fear ri a glacadh –

airson a' chlach fhaighinn – air latha fuar geamhraidh nuair a bha an lòn reòite. Rinn e toll san deigh agus leig e le dòbhran, a bh' aige mar pheata, a dhol troimhe. Dh'fhan e gus an tigeadh a' mhuile-mhàgag suas tron toll, agus an dòbhran às a dèidh. Bha bata aige na làimh.

Ach, 's e an dòbhran, a bha feumach air anail a ghabhail, a chuir a cheann tron toll. Gun a bhith a' coimhead ro dhlùth, bhuail am fear e le a bhata, a' cur às don dòbhran sa spot. Agus dè thachair don mhuile-mhàgag – chan eil fhios a'm.

* * * * *

Faclan na Litreach: Ghia!: *Yuch!*; Siorrachd Pheairt: *Perthshire*; uisge-thìrich: *amphibians*; dearc-luachrach: *newt*; Cuimreach: *Welsh*; Ach a' Ghobhail: *Achagavel*; Morbhairne: *Morvern*.

Abairtean na Litreach: An itheadh sibh muile-mhàgag?: *would you eat a toad?*; nuair a tha mi a' meòrachadh air a' cheist: *when I consider the question*; tha sgreamh a' tighinn orm: *I am filled with revulsion*; dh'ith fear de ghaisgich nan Gàidheal tè: *one of the heroes of the Gaels ate one*; an e gu feumadh tu a bhith gaisgeil airson tè ithe?: *is it that you'd have to be heroic to eat one?*; gum bite ga cleachdadh airson a ràdh ri neach eile: *that it would be used to say to another person*; gun luaidh air cho gann 's a tha iad, agus gum bu chòir an dìon: *without mentioning how rare they are, and that they need protection*; dh'fheuch mi casan losgann aon turas: *I tried frog legs once*; bidh iad ag àrach losgannan: *they breed frogs*; gur e a' chlach mhuile-mhàgag molag a tha iongantach na cumadh agus a farsaingeachd de dhathan: *that the toad-stone is some pebble, remarkable for its shape and ... variety of colours*; thathar dhen bheachd gun cuir i stad air losgadh taighe, agus cur-fodha bàta: *[it] is presumed to prevent the burning of a house and the sinking of a boat*; ma bhios tè aig commandair air blàr-catha: *if a commander in the field has one of them about him*; bidh an dàrna cuid buaidh aige air an latha no bidh na daoine gu lèir aige a' faighinn bàs sa spot: *he will either be sure to win the day or all his men shall fairly die on the spot*; nuair a bha an lòn reòite: *when the pool was frozen*; leig e le dòbhran, a bh' aige mar pheata, a dhol troimhe: *he let a pet otter go through*; bhuail am fear e le a bhata: *the man hit him with his stick*.

Puing-chànain na Litreach: cò e an seann ghaisgeach Gàidhealach: *the old Gaelic hero. Why is gaisgeach lenited whereas Gàidhealach is not? The reason is that seann brings about lenition in the following noun, but that does not transfer to a qualifying adjective. And because the noun is masculine and in the nominative (nominal) singular case, the adjective is unlenited.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: cha b' ann air muileacha-màg a chaidh m' àrach: *it isn't on frogs I was raised ie I'm not that naïve.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA